



Sochair-leasachaidh Cuibhreann Luchd-cùraim

Dè th' ann an Sochair-leasachaidh Cuibhreann Luchd-cùraim?

'S e pàigheadh a bharrachd a th' ann bho Riaghaltas na h-Alba do luchd-cùraim ann an Alba a tha a' faighinn pàigheadh, ann am pàirt no gu h-iomlan, den Chuibhreann Luchd-cùraim bho Roinn na h-Obrach is nam Peinnseanan (DWP), no Pàigheadh Taic Luchd-cùraim, ann am pàirt no gu h-iomlan, bho Thèarainteachd Shòisealta Alba.

Dè as fhiach Sochair-leasachaidh Cuibhreann Luchd-cùraim agus dè cho tric 's a thèid a phàigheadh?

Thèid a phàigheadh gu fèin-obrachail le Tèarainteachd Shòisealta Alba gach 6 mìosan. Thèid £288.60 a phàigheadh gach 6 mìosan. Thèid na pàighidhean ùrachadh gach bliadhna a rèir atmhorachd.

Cò gheibh am pàigheadh seo?

Bidh luchd-cùraim a tha a' fuireach ann an Alba agus a tha a' faighinn Cuibhreann Luchd-cùraim bhon DWP no Pàigheadh Taic Luchd-cùraim bho Thèarainteachd Shòisealta Alba, air dà latha suidhichte sa bhliadhna a' faighinn a' phàighidh seo.

Ciamar a gheibh luchd-cùraim Sochair-leasachaidh Cuibhreann Luchd-cùraim?

Gheibh luchd-cùraim a bhios a' faighinn a' phàighidh seo litir ag innse dhaibh. Thèid an t-sochair-leasachaidh a phàigheadh a-steach dhan aon chunntas banca no cunntas Aonadh Creideis anns am bithear a' pàigheadh a-steach Cuibhreann Luchd-cùraim no Pàigheadh Taic Luchd-cùraim.

Cuin a thèid am pàigheadh a dhèanamh?

Ainmichidh Tèarainteachd Shòisealta Alba na mìosan pàighidh aig toiseach gach bliadhna. Bidh am fiosrachadh seo ri fhaighinn air mygov.scot/carersupplement agus cuideachd air an làraich-lìn chorporra, cunntasan nam meadhanan sòisealta agus litir-naidheachd an luchd-ùidhe aig Tèarainteachd Shòisealta Alba.

An toir seo buaidh air sochairean eile?

Cha toir. Bidh luchd-cùraim fhathast a' faighinn Cuibhreann Luchd-cùraim bhon DWP no Pàigheadh Taic Luchd-cùraim bho Thèarainteachd Shòisealta Alba aig an aon àm agus ìre 's a bhios iad ga fhaighinn an-dràsta. Cha toirear fa-near don phàigheadh seo nuair a thèid luchd-iarrtais a mheasadh airson shochair eile.

Airson barrachd fiosrachaidh mu Shochair-leasachaidh Cuibhreann Luchd-cùraim, faic mygov.scot/carersupplement



Tha mòran dhaoine draghail mun chosgais bith-beò. Chan eil thu nad aonar. Gus faighinn a-mach dè an taic a dh'fhaodadh tu fhaighinn, tadhail air **gov.scot/costoflivingsupport**. No tadhail air Biùro Comhairleachaidh an t-Sluaigh faisg ort.

Ciamar as urrainnear fios a chur thugainn?



Cuir fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222



Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000 (do dhaoine a tha maol sa chlaisneachd)



Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn: contactscotland-bsl.org



Webchat: chat.socialsecurity.gov.scot

Lean Tèarainteachd Shòisealta Alba

